

## NA THA SAN AITHISG

### 01 | 07 RO-RÀDH

- 02 | 03 Geàrr-chunntas
- 04 | 06 Cuirmean agus Gnìomhan
- 07 Leasachaidhean ri thighinn

### 08 | 13 A' TOIRT TAIC DHAN BHANRIGH

- 10 | 11 An Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis
- 12 | 13 Na Seirbheisean Armaichte

### 14 | 31 GNÌOMHAN CARTHANNAIS

- 16 | 17 £109 muillean airson buidhnean carthannais
- 18 | 19 Cothroman agus iomairtean
- 20 | 21 Slàinte
- 22 | 23 Foghlam
- 24 | 25 Gnìomhachasan ciallach
- 26 An àrainneachd nàdurra
- 27 Duchy Originals
- 28 | 29 An àrainneachd togte
- 30 | 31 Na h-Ealain

### 32 | 37 A' BROSNAHADH AGUS A' DÌON

- 34 | 37 A' toirt gnothaichean am follais

### 38 | 52 TEACHD-A-STEACH, COSGAISEAN AGUS LUCHD-OBRACH

- 40 Cunntais Teachd-a-steach agus Cosgaisean
- 40 | 42 Teachd-a-steach agus maoineachadh
- 42 | 43 Cosgaisean
- 44 | 48 Luchd-obrach
- 48 Turasan bhliadhnail
- 49 Cosgaisean oifigeil air an sgrùdadh a rèir seòrsa cosgais
- 50 Dleastanasan Sòisealta Corporach
- 51 Fiosrachadh mu Àrd-Stiùirichean
- 52 Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa

## GEÀRR-CHUNNTAS

Tha an Sgrùdadh Bhlìadhna seo a' dèiligeadh ris a' bhliadhna gu 31mh dhen Mhàrt 2005. A bharrachd air an ro-ràdh seo, tha ceithir earrannan anns an sgrùdadh: aon air a leigeil seachad airson gach tè de phrìomh obraichean a' Phrionnsa, agus an ceathramh fear ag innse mar a tha a chuid obrach agus Oifis air am maoinachadh agus ag innse mu dhleastanasan a chuid àrd-stiùirichean.

Ged nach eil dreuchd sònraichte a thaobh bun-reachd na dùthcha aig Oighre a' Chrùin, tha Prionnsa na Cuimrigh a' dèanamh nas urrainn dha gus a shuidheachadh a chleachdadh gus gnothaichean a dhèanamh nas fheàrr anns an Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha an dòigh anns am bi A Mhòrachd Rìoghail a' dèanamh seo ag atharrachadh le ùine agus a rèir an t-suidheachaidh, ach gu simplidh, faodaidh sin a bhith air a roinn ann an trì earrannan.

### **A' dèanamh obraichean rìoghail mar thaic dhan Bhanrigh**

Tha seo a' gabhail a-steach a' Phrionnsa a bhith a' toirt taic dhan Bhanrigh ann an dreuchd a Mòrachd Rìoghail mar mheadhan air pròis, aonachd agus dilseachd na dùthcha, a' toirt daoine còmhla bho gach raon de choimhearsnachd na dùthcha, a' riochdachadh seasmhachd agus leantainneachd, a' toirt soirbheachadh am follais agus a' neartachadh cho cudromach 's a tha seirbheis agus an roinn saor-thoileach le brosnachadh agus eisimpleir.

### **Ag obair mar neach-tionnsgain carthannais**

Fad iomadach bliadhna tha Am Prionnsa air feumalachdan carthannais a chomharrachadh agus air buidhnean carthannais a stèidheachadh agus a chuideachadh gus am feum sin a choileanadh. An-diugh, tha Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa, mar a theirear air na prìomh sia buidhnean deug, a' riochdachadh an iomairt carthannais iomadh-adhbhar as motha anns an Rìoghachd Aonaichte (coimhead air duilleag 52 airson an liosta slàn). An-uiridh, chuidich A Mhòrachd Rìoghail, ann an dòigh air choireigin, gus £109 muillean a chruinneachadh gus taic a chur ri obair nam buidhnean carthannais sin. Thar nam buidhnean carthannais uile, tha 1,400 duine a' faighinn cosnadh aca, le mìltean de luchd-obrach saor-thoileach a' toirt taic a bharrachd air leth feumail. A bharrachd air a sin, tha Am Prionnsa cuideachd na Cheann-suidhe no na Chùl-taic air 352 buidheann carthannais eile.

### **A' brosnachadh agus a' dìon cleachdaidhean, feartan agus sàr-obair na dùthcha**

Na measg seo tha a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh foighidinn agus barrachd tuigse eadar creideamhan agus coimhearsnachdan, agus a' togail a ghuth airson sàr-obair no cuspairean nach fhaigheadh èisteachd mhòr sam bith gun a thaic a thoirt am follais. Anns an t-seadh seo, tha A Mhòrachd Rìoghail gu math tric mar mheadhan air deasbad no atharrachaidhean a thòiseachadh, le bhith a' sgrìobhadh litrichean gu, agus a' cumail coinneamhan le Ministearan an Rìaghaltais agus daoine cumhachdach eile, agus le bhith a' dèanamh òraidean agus a' sgrìobhadh aithisgean. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha e daonnan faiceallach gus fuireach air falbh bho dheasbadan eadar partaidhean poiliteigeach, agus bidh e a' conaltradh le Ministearan mar bhall den Chomhairle Dhìomhair agus gus innse dhaibh mu chuspair sam bith a thèid am follais bho a chuid coinneamhan air feadh na dùthcha.

Thairis air a' bhliadhna, chaidh Prionnsa na Cuimrigh gu 501 cuirm oifigeil. Chaidh e gu 82 baile agus 35 cùntaidh anns an Rìoghachd Aonaichte, agus chaidh e gu 103 cuirm oifigeil thall thairis. Chaidh e air turais a-null thairis dhan Eadailt, An Tuirc, Iordan, Sri Lanca, Astràilia, Sealadh Nuadh agus Fidsidh agus cuideachd chaidh e dhan Spàinn, An Fhràing, na Stàitean Aonaichte, Bosnia, Na h-Eamairean Arabach Aonaichte, a' Ghearmailt agus An Òlaind gu cuirmean eile gus gnothaichean co-cheangailte ris an Rìoghachd Aonaichte a bhrosnachadh. Thairis air a' bhliadhna, choinnich A Mhòrachd Rìoghail ri iomadh mìle duine aig cuirmean oifigeil agus chaidh fhaicinn le mòran a bharrachd air an àireamh sin. Chuir e fàilte agus thug e aogheachd do cha mhòr 7,400 luchd-aogheachd oifigeil aig Taigh Chlarence, Highgrove, Birkhall agus dachaighean rìoghail eile cuideachd.

## TEACHD-A-STEACH AGUS COSGAISEAN

A' Bhliadhna gu 31mh dhen Mhàrt	2005 £000ean	2004 £000ean
Teachd-a-steach bho Talamh Diùc a' Chòirn	13,274	11,913
Maoineachadh bho Airgead-mar-thaic agus roinnean dhen Riaghaltas	2,688	4,148
<b>Teachd-a-steach agus maoineachadh iomlan</b>	<b>15,962</b>	<b>16,061</b>
Cosgais oifigeil	(8,833)	(10,095)
Cosgaisean cise agus pearsanta	(5,226)	(4,406)
Cosgais calpa le isleachadh, pàigheadh iasadan agus gluasadan gu stòrasan	(1,772)	(1,442)
<b>Airgead a bharrachd uile</b>	<b>131</b>	<b>118</b>

Ann an 2004-05 chaidh am Prionnsa gu còrr air 191 cuirm fiosrachaidh agus coinneamh fhoirmeil, agus fhuair e 47,000 litir, a chuid as motha dhiubh sin bhon mhòr-shluagh. Sgrìobh e fhèin 2,300 litir, le 18,000 eile às leth a Mhòrachd Rìoghail le Oifis.

Chan eil na h-àireamhan seo a' gabhail a-steach an ùine mhòr a bhios am Prionnsa a' cosg a' dol tro an t-uamhas litrichean agus stuthan leughaidh eile a bhios e a' faighinn gach seachdainn. A bharrachd air a chuid coinneamhan agus cuirmean fiosrachaidh oifigeil, bidh a Mhòrachd Rìoghail a' cosg tòrr ùine ag obair le luchd-obrach a Dhachaigh, urrasairean agus stiùirichean a chuid bhuidhnean carthannais agus le feadhainn eile gus a chlàr-ama a chur air dòigh agus gus na h-obraichean anns a bheil e an sàs a thoirt air adhart.

Thairis air a' bhliadhna, tha Oifis a' Phrionnsa air dèiligeadh le mu 40,000 ceist agus iarrtas airson fiosrachadh bho na meadhanan anns an dùthaich seo agus bho thall thairis. Rinn am Prionnsa 29 òraid cudromach agus sgrìobh e 3 artagailean airson pàipearan-naidheachd. Tha a làrach-lìn, [www.princeofwales.gov.uk](http://www.princeofwales.gov.uk), a tha a' toirt fiosrachadh air gach cuirm, òraid, artagail a tha aig a' Phrionnsa agus cuideachd tha fiosrachadh ann mu bheatha agus chaidh coimhead air 12.6 muillean duilleag air a' bhliadhna 2004-05, còrr air a dhà uidhir 's a chaidh a choimhead a' bhliadhna roimhe sin.

Bha àrdachadh de 11% ann an teachd-a-steach bho Talamh Diùc a' Chòirn ann 2004-05, leis an teachd-a-steach anns an fharsaingeachd air a chleachdadh gus an £109 muillean a chaidh ainmeachadh mar tha a thional. Tha an àrdachadh de 11% anns a' mhòr chuid air sàilìbh gun deach toglaichean le teachdan-a-steach nas àirde a cheannach anns a' bhliadhna 2003-04 agus air sàilìbh atharrachaidhean ann an gabhail toglaichean air mhàl. Thuit a chuid a chaidh a thional bho thoglaichean àiteachais. Thuit na chaidh a chosg air Airgead-mar-thaic agus air cosgaisean oifigeil ann an 2004-05 air sàilìbh gun robh cosgaisean sònraichte ann a bhith a' cur air dòigh Taigh Chlarence ann an 2003-2004. Tha e air innse air duilleagan 38 gu 49 mar a tha an teachd-a-steach bho Talamh Diùc a' Chòirn air a chosg.

Gus cumail suas leis na leasachaidhean ann an gnìomhan oifigeil agus carthannais Prionnsa na Cuimrigh, chaidh a sgioba stiùiridh a neartachadh am bliadhna le fastadh obraiche gu dreuchd Màighstir an Dachaigh agus Ionmhaisear ùr. Chaidh Rùnaire Prìobhaideach pàirt-ùine fhadth cuideachd gus comhairle a thoirt do Phrionnsa Uilleam agus do Phrionnsa Eanraig air dreuchdan, cuirmean oifigeil agus obair carthannais.

Mu dheireadh, thàinig a' bhliadhna gu ceann an uair a chaidh innse air an 10mh dhen Ghearan gun robh Prionnsa na Cuimrigh agus A' Bh Camilla Parker Bowles a' dol a phòsadh. Bha am pòsadh ann air an 9mh dhen Ghiblean, le seirbheis shìobhalta prìobhaideach an cois Seirbheis Urnaigh agus Coisrigidh nas poblaiche aig Ceapal Naomh Deòrsa ann an Caisteal Windsor. Bha a' Bhanrigh, Diùc Dhun Èidean agus iomadh ball dhen Teaghlach Rìoghail a' làthair, le faisg air 800 eile bhon teaghlach agus de charaidean cuideachd. Thàinig an latha gu crìoch leis a' Bhanrigh a' cumail cuirm ann an Seòmraichean Stàite aig Caisteal Windsor, mus do dh' fhalbh Am Mòrachdan Rìoghail gu Baile Mhorail airson mìos nam pòg ann am Birkhall.

Tha làrach-lìn a' Phrionnsa, [www.princeofwales.gov.uk](http://www.princeofwales.gov.uk), a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air cuirmean oifigeil, òraidean, sgrìobhainean agus tòrr fiosrachadh mu dhèidhinn fhèin.

## Cuirmean agus gnìomhan

Ann an 2004-05, chaidh Prionnsa na Cuimrigh gu 501 cuirm oifigeil, le 103 dhiubh sin thall thairis; ach chan eil àireamhan a-mhàin ach ag innse beagan dhen ghnothach. Tha na h-eisimpleirean a leanas dhe na cuirmean agus dhe na gnìomhan a' sealltainn barrachd farsaingeachd agus doimhne dhe chuid obrach thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad. Tha iad air an innse an seo anns an òrdan anns an do thachair iad.

### **A' dol gu latha comharrachaidh 60 bliadhna bho Latha-D**

Anns an Ògmhios 2004, choimhead am Prionnsa air cha mhòr 500 saighdear a' tighinn air parasaisiut gu Ranville anns An Fhràing mar urram do na saighdearan aig àm a' chogaidh a thàinig gu talamh ann an Normandy mar phàirt de dh' ionnsaigh a' cho-chòrdaidh. Choinnich A Mhòrachd Rìoghail, a tha na Àrd-chòirnealair air Rèiseamaid a' Pharaisiut, ri saighdearan a leum air Latha-D agus dh' fhosgail e an Gàrradh Cuimhneachaidh Breatannach ùr ann an Caen.

### **Òraid aig co-labhairt air aillse a chaidh a chur air dòigh le Bunaid Prionnsa na Cuimrigh airson Slàinte aonaichte agus le ceithir buidhnean mòra carthannais slàinte bhon Rìoghachd Aonaichte**

Anns an Ògmhios 2004, dh' iarr am Prionnsa gum biodh barrachd rannsachaidh air a dhèanamh air na buannachdan an cois leigheasan taiceil airson euslaintich le aillse, 's e a' bruidhinn aig co-labhairt ann an Lunnainn a chaidh a chur air dòigh leis a' Bhunaid airson Slàinte Aonaichte agus ceithir buidhnean carthannais eile dha bheil e a' toirt a thaic: Cùram Aillse Marie Curie, Buidheann Aillse Mhic a' Mhaoilein, Adhartas bho Aillse Broillich agus Ionad Taic Aillse Bhristol. A' bruidhinn air beulaibh 200 de phroifeiseantaich ann an seirbheis na slàinte mhol A Mhòrachd Rìoghail gum biodh barrachd ceangal air a dhèanamh eadar dòighean leigheis àbhaisteach agus ùr-nòsach ann a bhith a' leigheas euslaintich le aillse.

### **Turas gu sgoil ann an Siorrachd Gloucester gus clann a bhrosnachadh gus biadh falain ithe agus am brosnachadh gus an cuid bidhe fhaighinn bho sgìre ionadail**

Anns an Ògmhios 2004, thug Am Prionnsa, na obair mar Cheann-suidhe air Gnìomhachas anns a' Choimhearsnachd, buidheann de cheanardan foghlaim agus luchd-stiùiridh ùghdarasan ionadail air turas gu sgoil Brimsham Green ann an Yate faisg air Bristol gus am faiceadh iad dhaibh fhèin na buannachdan an cois a bhith a' cleachdadh biadh ùr, falain bho thuathanasan agus bho luchd-reic ionadail airson dinnearan na sgoile. Thàinig cho cudromach 's a tha piseach a thoirt air biadh anns na sgoiltean gu aire a mhòr-shluaigh naoi mìosan an dèidh sin leis cho soirbheachail 's a bha am prògram telebhisean "Jamie's School Dinners" leis a' chòcaire Jamie Oliver.

### **Cuirm aig Taigh Chlarence do dhraibhearan tacsaidhean Lunnainn**

Anns an Iuchair 2004, chùm am Prionnsa cuirm aig Taigh Chlarence do dhraibhearan tacsaidhean Lunnainn. Ron chuirm, thadhail am Prionnsa air togallach nan draibhearan ann an Cearnag Hanòbhair gus cupa tè a ghabhail leis na draibhearan, agus an uairsin thill e gu Taigh Chlarence ann an tacsì air a dhraibheadh le Iain Sheen. Chuir am Prionnsa an turas agus a' chuirm air dòigh oir bha e ag iarraidh urram a thoirt dhan obair carthannais a tha iomadach draibhear a' dèanamh agus gus taing a thoirt airson na tha iad a' cur ri beatha a' phrìomh bhaile.

### **Fosgladh Fuaran Cuimhneachaidh Diana, Bana-phrionnsa na Cuimrigh ann am Pàirce Hyde**

Anns an Iuchair 2004, bha am Prionnsa còmhla ri dhithis mhac, am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig, an cois na Banrigh agus Diùc Dhun Èidean agus cuid bhon teaghlach Spencer aig fosgladh fuaran ann am Pàirce Hyde Lunnainn gus beatha Diana, Bana-phrionnsa na Cuimrigh a chomharrachadh. Leis a' ghrian a' deàrrsadh, mhol a' Bhanrigh a' Bhana-phrionnsa agus a' bhuaidh a bh' aice air beatha iomadach duine. An dèidh an fhosglaidh, chaidh a Mhòrachd Rìoghail còmhla ri theaghlach gus coinneachadh ri cuid dhe na daoine a bha air tighinn chun an fhosglaidh. Bho bhàrr gu bonn.

### **Turas gu Sabhal Mòr Ostaig air an Eilean Sgitheanach gus cultar na Gàidhlig ann an alba agus thall thairis a chomharrachadh**

Anns an t-Sultain 2004, bhruidhinn Am Prionnsa mu dhòchas gun cumar Gàidhlig beò ann an Alba 's e air turas chun an aon Cholaiste Gàidhlig ann an Alba. Mar neach-taic do Shabhal Mòr Ostaig, thuir Diùc Baile Bhòid (mar a theirear air a' Phrionnsa ann an Alba) gun robh beatha na h-Alba air a' neartachadh gu mòr leis a' Ghàidhlig agus mhol e obair chudromach na colaiste do dhaoine air feadh an t-saoghail gus ionnsachadh mu mhion-chànanan.

### **An 10mh ceann-bliadhna de Prògram Griomhachas agus Àrainneachd a' Phrionnsa aig an Taigh Fèistidh ann an Whitehall**

Anns an t-Sultain 2004, chuir Am Prionnsa cuideam air cho feumail 's a tha e gun cleachd barrachd ghnìomhachasan dòighean leasachaidh leantainneach na phrìomh fhaclan gu còrr air 400 neach-gnìomhachais agus luchd dìon na h-àrainneachd. Chuir A Mhòrachd Rìoghail fàilte air a' Phrìomhaire Mgr. Tònaidh Blair, agus anns an òraid aigesan mu atharrachaidhean anns a' ghnàth-shìde, thug e rabhadh mu mhòr-thubaist mura obraichean riaghaltasan air feadh an t-saoghail còmhla gus dèiligeadh le blàthachadh na cruinne.

### **Comharrachadh de 21 bliadhna de Phrògram Urras Gnìomhachais a' Phrionnsa**

Anns an t-Samhain 2004, dh' innis a Mhòrachd Rìoghail do cho-labhairt, aig an robh an Seansalair Mgr. Gòrdan Mac 'Illedhuinn an làthair, gun robh Prògram Urras Gnìomhachais a' Phrionnsa air fàs "fada nas motha na shaoil mi a dh' fhàsadh e" bhon a chaidh a stèidheachadh ann an 1983. Anns a' bhliadhna air fhichead sin, tha am prògram air barrachd air 60,000 duine òg a chuideachadh gus faighinn gu gnìomhachas agus chruthaich e 100,000 obair ùr.

### **A' dol gu fosgladh Ionad Mile Bliadhna na Cuimrigh ann am Bàgh Chardiff**

Anns an t-Samhain 2004, chaidh A Mhòrachd Rìoghail còmhla ri A Mòrachd a' Bhanrigh gu oidhche de cheòl, de dhannsa agus de bhàrdachd gus fosgladh Ionad Mile Bliadhna na Cuimrigh a chomharrachadh ann an cathair-bhaile na Cuimrigh. Tha an togalach a chosg £106 muillean a' cleachadh stuthan bhon Chuimrigh fhèin a leithid sglèat agus clach gainmhich agus bha a dhealbhadh inntinneach air a bhrosnachadh le cruth na tire agus dualchas gnìomhachais agus cultarail na dùthcha.

### **A' tadhal air Boscastle ann a' Chòirn gus taic a thoirt dhaibh an dèidh nan tuiltean uamhasach anns an Lunastal 2004.**

Anns a' Ghearan 2005, thadhail Am Prionnsa airson an dàrna turas air Boscastle anns a' Chòirn gus an obair càraidh an dèidh nan tuiltean uamhasach a chaidh tron bhaile as t-samhradh 2004 fhaicinn. Anns an Lunastal, bha e air turas a ghabhail gu Boscastle, dìreach latha na dhà an dèidh nan tuiltean gus a thaic a thoirt dhan fheadhainn a fhuilang agus gus taing a thoirt dha na seirbheisean èiginn gus uiread de dhaoine a shàbhaladh.

### **Turas gu Batticalo ann an Sri Lanca gus buaidh an tsunami fhaicinn.**

Anns a' Ghearan 2005, air a shlighe gu Astrailia airson a' chiad earrann de thuras foghair a-null thairis, chuir am Prionnsa seachad beagan ùine ann an Sri Lanca gus am milleadh a rinn an tsunami air an 26mh latha dhen Dùbhlachd fhaicinn dha fhèin. Fhads a bha e an sin, choinnich A Mhòrachd Rìoghail ri luchd-obrach saor-thoileach bhon Chrois Dhearg a' bha a' cuideachadh ann a bhith a' sgioblachadh an àite, agus bhruidhinn e ri iasgairean bho sgìre Batticalo air mar a bha iad a' feuchainn ri an coimhearsnachdan a thogail a-rithist an dèidh an tsunami. Chaidh innse dhan Phrionnsa cuideachd mun obair a bhathar a' dèanamh gus an eaconomaidh ionadail a chuideachadh – chaill co-dhiù 400,000 duine an obair air sàilibh na tubaist; a chuid bu mhotha dhiubh sin ann an gnìomhachasan an iasgaich, an àiteachais agus an turasachd.

### **Turas chun an aon àite briodachaidhe albatrosan air tir-mòr**

Anns a' Mhàrt 2005, thadhail A Mhòrachd Rìoghail air àite briodachaidhe albatrosan 's e air a thuras ann an Sealadh Nuadh. Bhon àm a b' àbhaist dha a bhith a' faicinn albatrosan air iteig ri taobh a long an uair a bha e anns a' Chabhlaich Rìoghail, tha ùidh mhòr air a bhith aige anns na h-eòin eireachdail seo. Anis, le mòran eanmhadhean fo chunart a dhol à bith air sàilibh atharrachaidheanann an dòighean iasgaich, tha e air a bhith ag iomairt gus albatrosan a dhìon bho bhàs a ghabhadh a sheachnadh; agus na thuras rinn am Prionnsa òraid, a chaidh a sgaoileadh gu farsaing anns na meadhanan, air duilgheadasan nan eun sin.

## LEASACHAIDHEAN RI THIGHINN

### Prionnsa na Cuimrigh

Ann an a' bhliadhna ri thighinn, leanaidh A Mhòrachd Rìoghail air obair air iomadach gnòthach cudromach, a' coimhead gu h-àraid air an àrainneachd, na Feachdan Airm (gu sònraichte air an 60mh ceann-latha de Làithean VE agus VJ), an Co-fhlaitheas, gnòthaichean dùthchail agus àiteachais, seirbheis slàinte aonaichte agus ùrachadh nam bailtean, ag gabhail a-steach a bhith a' cumail agus ag ath-chleachdadh dualchas togail na dùthcha. Bheir Bana-dhiùc na Còirn taic dha A Mhòrachd Rìoghail na obair, a' dol còmhla ris air iomadach turas agus cuirm, an dà chuid aig an taigh agus thall thairis, a' dol gu cuirmean leatha fhèin, na measg sin a bhith a' toirt taic do bhuidhnean carthannais, leithid Buidheann Nàiseanta Osteoporosis, 's i na Ceann-suidhe air a' bhuidheann sin.

### Stiùireadh

Ann an a' bhliadhna mu dheireadh cha mhòr nach deach crìoch a chur air ath-leasachadh agus neartachadh Oifis Prionnsa na Cuimrigh. A bharrachd air an leasachadh leantainneach ann an Oifis nan Carthannais, chaidh barrachd luchd-obrach fhadthad gu gnìomhan oifigeil A Mhòrachd Rìoghail, Màighstir an Dachaigh, Ionmhaisear ùr agus Rùnaire Priobhaideach pàirt-ùine do Phrionnsachan Uilleam agus Eanraig na measg sin. Ann an a' bhliadhna 2005-06 chaidh Neac-taic don Rùnaire Priobhaideach aig Bana-dhiùc na Còirn fhadthad agus chaidh Rùnaire Priobhaideach fhadthad aig am bi dleastanas airson a' Cho-fhlaitheas agus gnòthaichean cinnidh. A bharrachd air a sin, thèid barrachd obrach a dhèanamh am bliadhna gus seirbheis teicneòlas fiosrachaidh na h-Oifis a leasachadh; thèid sgrùdadh eile a dhèanamh air obair corporrach an Dachaigh le uallach sòisealta (cosg cumhachd na measg sin), agus thathar a' dèanamh sgrùdadh air ciamar a bheirear piseach air poileasaidhean agus dòighean-obrach an luchd-obrach.

### Buidhnean Carthannais

Ann an a' bhliadhna mu dheireadh, chaidh ainm sònraichte a thoirt do shia buidheann carthannais deug a' Phrionnsa. Bidh Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa orra bho seo a mach agus tha Oifis nan Carthannasan air poileasaidhean agus dòighean-obrach ùra a leasachadh dhan bhuidheann ann an roinnean cudromach leithid riaghladh corporrach, tional airgid, plànadh agus conaltradh. 'S iad na prìomhachasan airson 2005-06, cumail air taic a thoirt dha na buidhnean carthannais le fastadh dhaoine gu dreuchdan cudromach (urrasairean nam measg sin) agus gus ro-innleachd anns an ùine fhada a leasachadh agus gus gnìomhan carthannais ùra, leithid lomaire a' Phrionnsa anns na h-Innseachan a leasachadh; agus gus taic a thoirt do dh' fheadhainn a tha stèidhichte mar thà leithid Sgoil Samhraidh Foghlaim.

### Conaltradh

An deidh an treas Oifigear Naidheachd fhadthad an uiridh, gus an àireamh de luchd-obrach anns an Sgioba Conaltraidh a thoirt gu naoi, bidh aire am bliadhna a-rithist air innse mu obair a' Phrionnsa tro mheadhanan craolaidh, barrachd obair le irisean agus pàipearan ionadail, agus barrachd leasachaidh air obair meadhanan a' Phrionnsa fhèin, leithid an Sgrùdaidh seo agus làrach-lìn oifigeil a' Phrionnsa aig [www.princeofwales.gov.uk](http://www.princeofwales.gov.uk). Tha an Oifis Naidheachd fhathast ag obair gus dòigh-obrach fosgailte agus cothromach a chleachdadh leis na meadhanan, agus gach ceist agus iarrtas a fhreagairt gu luath agus gu proifeiseanta.

Tha ainm ùr – Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa - aig na sia prìomh bhuidhnean carthannais deug aig a' Phrionnsa agus tha an Oifis air poileasaidhean agus dòighean-obrach ùra air an dealbh dha na buidhnean ann an roinnean leithid riaghaltas corporrach, tional airgid, planadh agus conaltradh.